

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at rodny.macleam@bbc.co.uk * This is Litir 275.*

Càite an do thachair Blàr Dhùn Neachtain? 'S e sin am batail a bh' ann eadar na Cruithnich agus na Sasannaich à Northumbria anns a' bhliadhna sia ceud, ochdad 's a còig (685). Bha am blàr sin air leth cudromach ann an eachdraidh na h-Alba, oir bha na Sasannaich a' feuchainn ri crìochan an rìoghachd a sgaoileadh gu tuath. Bha iad airson smachd fhaighinn air na Breatannaich, na Gàidheil agus na Cruithnich a bha uile a' fuireach ann an Alba. Chaill na Sasannaich Blàr Dhùn Neachtain, ge-tà. Agus dh'fhàg sin gu robh na trì slòigh sin – na Cruithnich, na Gàidheil is na Breatannaich – saor.

Gu h-annasach, tha fiosrachadh mionaideach againn mu là a' bhatail. Thachair e Disathairne am fìcheadamh là dhen Chèitean, sia ceud, ochdad 's a còig. Ach chan eil fios againn le cinnt air làrach a' bhlaìr. Airson ùine mhòir, bha daoine a' dèanamh dheth gur e *Dunnichen* ann an machair Aonghais an *Dùn Neachtain* a bh' air ainmeachadh anns na làmh-sgrìobhainnean Gàidhealach. Agus bha na leabhraichean eachdraidh Beurla a-mach air “The Battle of Dunnichen”. Do na Sasannaich, 's e *Nechtansmere* an t-ainm a bh' air a' bhlaìr o shean. Chanadh na Breatannaich *Lin Garan* ris – 's e sin “Loch na Corra-grithich”.

Ach an robh am blàr ga chumail ann an machair Aonghais? A bheil *Dunnichen* co-ionann ri *Dùn Neachtain*? Uill, chaidh mi a dh'òraid o chionn ghoirid a chuir teagamh mòr air sin. B' e an t-òraidiche fear-eachdraidh à Oilthigh Chill Rìmhinn, Alex Woolf. Tha esan dhen bheachd gur dòcha gu robh am batail ann na b' fhaide gu tuath ann an *Dunachton* ann am Bàideanach. Ann an Gàidhlig 's e sin *Dùn Neachtain*.

Tha dà eileamaid anns an argamaid aige. Sgrìobh am fear-eachdraidh Sasannach, Bede, gun do tharraing na Cruithnich na Sasannaich gu ruige dùthaich gharbh làn bheanntan. Tha fhios againn cuideachd gu robh loch ann. Ann an *Dunnichen* ann an machair Aonghais chan eil beanntan ann is chan eil loch ann a bharrachd. Ach ann am Bàideanach tha *Dùn Neachtain* làimh ri loch mòr ris an canar Loch Ìnnse. Agus tha e air a chuirteachadh le beanntan mòra – am Monadh Ruadh agus am Monadh Liath.

A rèir nan làmh-sgrìobhainnean, 's e an t-ainm a bh' air rìoghachd nan Cruithneach “Fortriu”. Chan eil fios le cinnt càit' an robh Fortriu, ach tha Alex Woolf a' cumail a-mach gur dòcha gu robh e timcheall air Inbhir Nis. A rèir làmh-sgrìobhainnean, bha batail ann eadar fir Fortriu agus Lochlannaich anns a' bhliadhna naoi ceud 's a ceithir (904). Anns an dearbh bhliadhna bha batail ann an Srath Èireann. Bha luchd-eachdraidh an dùil gur e an aon bhatail a bh' ann agus gu

robh Fortriu ann an, no faisg air, Srath Èireann. Nise, bha iad dhen bheachd gum b' e sin *Srathearn* ann am meadhan na h-Alba is gum biodh sin a' ciallachadh gu robh na Cruithnich a' dìon rìoghachd ann am meadhan na h-Alba.

Ach tha Srath Èireann eile ann – anns a' cheann a tuath – *Srathdearn* ann am Beurla. Tha sin eadar Bàideanach agus Inbhir Nis. Dh'fhaodadh gu robh Fortriu anns a' cheann a tuath. Ma tha sin fìor, bhiodh e coltach gum biodh an dà arm a' sabaid ann am Bàideanach, eadar Inbhir Nis agus a' Ghalldachd.

Ge bith càit an robh Blàr Dhùn Neachtain, tha fhios againn gun do chaill rìgh nan Sasannach, Ecgfrith, a bheatha is gun deach a' chuid mhòr de na saighdearan aige a mharbhadh. Dh'fhàg sin Alba gu bhith na rìoghachd Cheilteach seach Sasannach.

* * * * *

Faclan na seachdainne: Blàr Dhùn Neachtain: *The Battle of Nechtansmere* (*Dunnichen?*); Breatannaich: *Britons*; machair Aonghais: *the low country of Angus*; làmh-sgrìobhainnean: *manuscripts*; òraid: *lecture*; òraidiche: *lecturer*; Oilthigh Chill Rìmhinn; *St Andrews University*; eileamaid: *element*; am Monadh Ruadh: *the Cairngorms*; a' dìon: *defending*; a' Ghalldachd: *the Lowlands*.

Abairtean na seachdainne: eadar na Cruithnich agus na Sasannaich: *between the Picts and the English (Saxons)*; a' feuchainn ri crìochan an rìoghachd a sgaoileadh: *trying to spread the boundaries of their kingdom*; na trì slòigh sin: *those three peoples*; an ceann greis: *after a while*; bhiodh rìoghachd na h-Alba air a cruthachadh: *the kingdom of Scotland would be created*; loch na corra-grithich: *the loch of the heron*; a chuir teagamh mòr air: *that cast great doubt upon*; na b' fhaide gu tuath: *further north*; gun do tharraing X Y gu ruige dùthaich gharbh làn bheanntan: *that X drew Y into a rough land full of mountains*; chan eil beanntan ann is chan eil loch ann a bharrachd: *there are no mountains and neither is there a loch*; làimh ri loch: *adjacent to a loch*; ris an canar Loch Ìnnse: *which is called Loch Insh*; eadar Bàideanach agus Inbhir Nis: *between Badenoch and Inverness*; bhiodh e coltach: *it would be likely*; gun do chaill X a bheatha: *that X lost his life*; gun deach a' chuid mhòr de na saighdearan aige a mharbhadh: *that most of his soldiers were killed*; gu bhith na rìoghachd Cheilteach seach Sasannach: *to be a Celtic, rather than a Saxon, kingdom*.

Puing-chànain na seachdainne: Bha am blàr sin air leth cudromach ann an eachdraidh na h-Alba: *that battle was exceptionally important in the history of Scotland*. Air leth is a co-bhuadhair or adjective modifier (*an adjective is buadhair in Gaelic*). These are words or word combinations which precede an adjective and modify its meaning, often strengthening it. They occur in two groups – those which lenite the adjective (if it's lenitable) and those which do not cause lenition. Air leth obviously is a non-leniter (we say air leth cudromach not air leth chudromach). Other examples of this group are anabarrach (anabarrach slaodach), caran (caran doirbh), uabhasach (uabhasach mòr) and fiadhaich (tha i fiadhaich fuar an-diugh). Among the co-bhuadhairean causing lenition are glè (tha sin glè mhath) and ro (tha thu ro choibhneil).

Gnàths-cainnt na seachdaine: bha na leabhraichean eachdraidh Beurla a-mach air “The Battle of Dunnichen”: *the English-language history books were on about “The Battle of Dunnichen”*.

* “*Litir do Luchd-ionnsachaidh*” is funded by *Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig*